

BÒRD NA GÀIDHLIG

Gheàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird Stiùiridh aig 09.15 air Diardaoin 9 Cèitean 2019 aig Eden Court, Inbhir Nis

1.0 CUISEAN TOISICHIDH

Buill a bha an làthair:

Màiri NicAonghais (Cathraiche Eadar-amail) [MNA]
Ailean Caimbeul [AC]
Dòmhnall MacLeòid [DML]
Fiona Dunn [FD] (air a' fòn)
Jennifer Gilmour [JG]
Seumas Whannel [SW]
Johan Nic a' Ghobhainn [JNG]
Màiri Anna NicUalraig [MNU]

A' frithealadh:

Bòrd na Gàidhlig

Shona NicIllinnein, Ceannard [SNI]
David Boag, Stiùiridh Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd [DB]
Alasdair MacFhionghuin, Ceann nan Seirbheisean Corporra [AMF]
Carol Niclain (Geàrr-chunntas)

1.1 Fàilte

Chuir an Cathraiche Eadar-amail fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh.

Leisgeulan

Bha leisgeulan ann bho Dhòmhnall MacSuain is Joy Dunlop, ach thugadh **FA-NEAR** nach b' urrainn do Joy Dunlop a bhith an làthair aig a' choinneimh air a' fòn mar a bha dùil, ri linn thrioblaidean teicnigeach san àite far an robh a' choinneamh.

Minutes of the Board Meeting held at 09.15 on Thursday 9 May 2019 at Eden Court, Inverness

OPENING ITEMS

Board Members present:

Mairi T MacInnes (Interim Chair) [MMI]
Allan Campbell [AC]
Donald MacLeod [DML]
Fiona Dunn [FD] (by phone)
Jennifer Gilmour [JG]
Jim Whannel [JW]
Johan Smith [JS]
Mary Ann Kennedy [MAK]

In attendance:

Bòrd na Gàidhlig

Shona MacLennan, Ceannard [SML]
David Boag, Director of Language Planning & Community Developments [DB]
Alasdair MacKinnon, Head of Corporate Services [AMK]
Carol Johnson (Minutes)

Welcome

The Interim Chair welcomed everyone to the meeting.

Apologies

There were apologies received from Donald MacSween, and it was **NOTED** that due to technical issues at the meeting venue Joy Dunlop was unable to join the meeting by telephone as planned.

A' Nochdadh Chom-pàirtean

Cha robh gin a chom-pàirtean rin clàradh.

Gnothach Iomchaidh sam Bith Eile

Thuir an Cathraiche gun robh i airson puing a chur ris a' chlàr-ghnothaich le fios as ùr air an Sgrùdadh nas Fharsainge agus gun robh i a' moladh gun dèanadh i fhèin agus an Ceannard taisbeanadh air sin do na Buill aig toiseach na coinneimh. **DH'AONTAICH** na Buill ri seo agus chuir iad fàilte air an fhiosrachadh ùr.

Sgrùdadh nas Fharsainge (SF)

Rinn an Cathraiche Eadar-amail agus an Ceannard taisbeanadh air a' phròiseas agus beachdan a thilleadh mun dreachd den aithisg air an Sgrùdadh nas Fharsainge (SF) a rinn an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh, Deloitte. Chaidh innse do na Buill gun deach buidheann-obrach SF a chur air chois leis a' Cheannard, an Cathraiche Eadar-amail, Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan agus Cathraiche na Comataidh Ionnsachaidh (le sgilean sònraichte a thaobh pròiseasan sgrùdaidh), agus an Ceannard ann mar neach-clàraidh. Bha iad air freagairt ullachadh mun dreachd den aithisg a fhuaras. Thathar an dùil gun cuir Deloitte dàrna dreachd den aithisg chun a' Cheannard sna seachdainean ri thighinn. Coinnichidh a' bhuidheann-obrach SF a-rithist nuair a gheibh iad an ath dhreachd bho Deloitte agus cumaidh iad fios ris na Buill.

Bha còmhraidh ann air a' phròiseas seo agus dh'fhaighnich an Cathraiche Eadar-amail an robh am Bòrd Stiùiridh toilichte gun cùm iad a' dol leis a' phròiseas seo agus **DH'AONTAICH** na Buill gum biodh agus thug iad taing don bhuidhinn airson na h-obrach a rinn iad.

1.2 Geàrr-chunntas agus Gnìomhan bhon Choinneimh mu Dheireadh

Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird air 20 & 21/02/2019

Chaidh atharraichean a chomharrachadh airson Geàrr-chunntasan nan coinneamhan a chaidh a chumail air 20 & 21/02/2019.

Co-dhùnadh

DH'AONTAICH na Buill ri Geàrr-chunntas na coinneimh, leis na h-atharraichean a chaidh a mholadh.

Declarations of Interest

There were no declarations of interest.

Any Other Business

The Chair advised that she wanted to add an update on the Wider Scope Audit to the agenda and suggested that herself and the Ceannard give a presentation on that to members at the start of the meeting. Members **AGREED** to this and welcomed the update.

Wider Scope Audit (WSA)

The Interim Chair and the Ceannard gave a presentation on the process for responding to the draft Wider Scope Audit (WSA) report by the external auditors, Deloitte. Members were informed that a WSA working group had been set up consisting of the Ceannard, Interim Chair and the Chairs of the Audit & Risk Management Committee and the Learning Committee (with specialist skills regarding the audit process) and with the Ceannard as scribe. They had prepared a response to the draft report received. It is expected that Deloitte will be re-submit a second draft report to the Ceannard in the coming weeks. The WSA working group will then meet again on receipt of the next draft from Deloitte and keep Members informed.

There was discussion on the process and the Interim Chair asked if Members were happy with the continuation of the process and Members **AGREED** that they were and thanked the group for the work undertaken.

Minutes and Actions from Previous Meeting

Minutes of Board meeting held 20 & 21/02/2019

Amendments were recorded for the Minutes of the meetings dated 20 & 21/02/2019.

Decision

Members **APPROVED** the Minutes of the meeting, subject to the noted amendments.

Cùisean a Thog Ceann

Thug an Ceannard geàrr-iomradh air an adhartas a rinneadh le diofar chùisean bhon choinneimh mu dheireadh. Thug na Buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh sin.

1.3 **Clàr Ghnìomhan**

DH'AONTAICH na Buill ris a' chlàr gnìomhan bho Choinneamh a' Bhùird a chaidh a chumail air 20 & 21 Gearran 2019.

Gnìomh:

Bu chòir don Sgioba Stiùiridh beachdachadh air agus ùrachadh a dhèanamh air gach ceann-latha coileanaidh sa Chlàr Ghnìomhan ro gach coinneamh.

2.0 **RIAGHLADH CORPORRA**

2.1 **Plana Corporra 2018-23**

Bhruidhinn Ceann nan Seirbheisean Corporra air a' phàipear le molaidhean airson atharraichean ro-innleachdail air a' Phlana Chorporra còig-bliadhna. Thuirt e gun deigheadh fiosrachadh obrach eile ùrachadh mus tèid an tionndadh ùr den Phlana fhoillseachadh.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH na Buill ris na h-ùrachaidhean air a' Phlana Chorporra 2018-23, leis na h-atharraichean a chaidh a chomharrachadh.

2.2 **Plana Gnìomh 2019-20**

Bhruidhinn Ceann nan Seirbheisean Corporra air a' phàipear san robh fios air a' Phlana Ghnìomh airson 2019-20. Mhìnich e gun deach an cruth nas sìmplidhe seo a chleachdadh gus beachdan a shireadh bhon luchd-obrach agus gun do thòisich an obair aig co-labhairt an luchd-obrach sa Ghiblean gus planaichean obrach nan roinnean a dhealbh stèidhichte air an dreachd den Phlana. Thuirt e, ma chuireas am Bòrd Stiùiridh aonta ris a' Phlana gun deigheadh crìoch a chur air an obair sin, agus gun tòisichadh manaidsearan an uair sin ag obair le luchd-obrach air planaichean obrach airson gach neach fa leth. Chaidh còmhradh a chumail agus mhol na Buill atharraichean a chaidh a chomharrachadh.

Matters Arising

The Ceannard gave a summary of progress with various matters since the last meeting. Members **NOTED** the updates provided.

Action Log

The Committee **APPROVED** the action log from the Board Meeting held on 20 & 21 February 2019.

Action:

Ahead of meetings all projected completion dates need to be considered and updated on the Action Listing by the Senior Management Team.

CORPORATE GOVERNANCE

Corporate Plan 2018-23

The Head of Corporate Services presented the paper recommending strategic changes to the five-year Corporate Plan. He advised that other operational information would be updated ahead of publishing an updated version of the Plan.

Decision:

Members **APPROVED** the updates to the Corporate Plan 2018-23, subject to the noted amendments.

Operational Plan 2019-20

The Head of Corporate Services presented the paper outlining the Operational Plan for 2019-20. He explained how this simpler format had been used to consult with staff and that during the April staff conference work had begun to develop departmental job plans based on draft Plan. He advised that if the Plan was approved by the Board that work would be completed, and managers would then work with staff on individual work plans. Following discussion members recommended amendments and these were noted.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH na Buill ris na h-ùrachaidhean air a' Phlana Ghnìomh 2019-20, leis na h-atharraichean a chaidh a chomharrachadh.

Decision:

Members **APPROVED** the updates to the Operational Plan 2019-20, subject to the noted amendments.

2.3 Gnàth-riaghailtean

Thuir Ceann nan Seirbheisean Corporra gum feumar gnàth-riaghailtean Bhòrd na Gàidhlig ùrachadh agus thuir e nuair a thathar gu bhith a' moladh atharraichean a dhèanamh air na gnàth-riaghailtean aig coinneamh a' Bhùird, gum feumar fios a thoirt seachad aig a' choinneimh Bùird ron sin air mar a thathar an dùil sin a dhèanamh. Às dèidh dhaibh bruidhinn mun chùis, dh'aontaich na Buill na Gnàth-riaghailtean a chur air beulaibh a' Bhùird aig an ath choinneimh aca agus chaidh a ràdh gum faodadh na Buill am beachdan mu na gnàth-riaghailtean a chur gu AMF ann am post-d.

Standing Orders

The Head of Corporate Services advised of the need to update Bòrd na Gàidhlig's current standing orders and outlined that notice of the intention to bring forward proposed amendments to standing orders must be signified at the previous board meeting. After discussion, members agreed that the Standing Orders be presented to the next Board meeting and members were invited to send their comments on the current standing orders to AMF by email.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH am Bòrd Stiùiridh gun deigheadh ùrachadh nan Gnàth-riaghailtean a chur ris a' chlàr-ghnothaich airson Coinneamh a' Bhùird san Ògmhios 2019.

Decision:

The Board **AGREED** that renewal of the Standing Orders be put on the agenda for the June 2019 Board Meeting.

Gnìomh:

Ullaichidh Ceann nan Seirbheisean Corporra dreachd ùr de na Gnàth-riaghailtean gus a cur air beulaibh a' Bhùird Stiùiridh san Ògmhios 2019.

Action:

The Head of Corporate Services will draft new Standing Orders to present to the Board in June 2019.

3.0 CINN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH

Chaidh a dhearbhadh gun deigheadh an ath Choinneamh Bùird a chumail air 5 is 6 Ògmhios 2019 san Òban.

DATES FOR THE NEXT MEETING

The dates for the next Board Meeting were confirmed as 5 & 6 June 2019 in Oban.

Thug an Cathraiche Eadar-amail taing don Cheannard agus na h-oifigearan uile airson na h-obrach a rinn iad ann a bhith ag ullachadh an fhiosrachaidh agus a' cur na coinneimh air dòigh agus do na Buill airson na comhairle is na taice aca.

The Interim Chair thanked the Ceannard and all the officers for their work in preparing the information and organising the meeting and thanked the Members for their input and support.

Cha robh an còrr ghnothaichean ann, agus thàinig a' choinneamh gu crìch aig 11.15.

There was no other business raised, and the meeting ended at 11.15